

Seanchas Ìle

TASG-LANN DUALCHAIS

ÒRAN

Birlinn Ghoraidh Chróbhain
Le Donnachadh MacIain

Hóbhan na hóbhan hó, hi horó na hùbhan,
Hóbhan na hóbhan hó, Air Birlinn Ghoraidh Chrobhain

Fichead sonn air cùl nan ràmh,
Fichead buille lùghmhor,
Siùbhlaidh ì mar eun a' snàmh,
Is sìoban thonn `ga sgiùrsadh.

Suas i sheòid air bàrr nan tonn !
Sìos gu ìochdar sùigh i !
Suas an ceòl is togaibh fonn,
Tha Mac an Rìgh `ga stiùireadh !

Dh' fhàg sinn Manainn mòr nan tòrr,
Eireann a' tighinn dlùth dhuinn,
Air Ìle-an-Fheòir tha sinn an tòir
Ged dh' èireas tonnan dùbh-ghorm.